AN COMUNN GÀIDHEALACH
ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

SAMHAIN 2020 / NOVEMBER 2020

TEACHDAIERACHD BHON CHEANN-SUIDHE

Dòchas!

Mar a tha fìor dhan a h-uile neach, agus buidheann, tha An Comunn a' teannadh air deireadh bliadhna eachdraidheil, agus dhoirbh! Seach bliadhnaichean dorcha an dà Chogaidh Mhòir b' i seo a' chiad bhliadhna bho thòisich e, ann an 1892, bho nach do thachair Mòd Nàiseanta agus bha mise agus buill a' Bhùird gu lèir glè thàmailteach am Mòd a chur air ais bliadhna ged nach gabhadh an co-dhùnadh sin seachnadh. Cha b' e a-mhàin call a' Mhòid a bha gu bhith an Inbhir Nis am-bliadhna a bha na adhbhar iomagain dhuinn, bha cuideachd a' bhuaidh a bha sin dol a thoirt air teachd a-steach a' Chomuinn agus tèarainteachd suidheachadh luchd-obrach na buidhne. 'S fhiach deagh sgeul innse iomadh uair, agus tha mi toilichte taing a chomharrachadh a-rithist dha Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba airson an cuid taice leantainnich, agus cuideachd dha Comhairle na Gàidhealtachd a bha cho tuigseach a thaobh an t-suidheachaidh san robh sinn leis a' Mhòd. Tha sinn cuideachd an comain ar prìomh bhuidheann goistidheachd Calmac airson seasamh leinn.

Le fios gum biodh luchd com-pàirteachaidh agus luchd-frithealaidh a' Mhòid ag ionndrainn an tachartais, chaidh Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne a chruthachadh agus a lìbhrigeadh gu soirbheachail, agus mo thaing bhlàth dha Seumas Greumach agus sgioba a' Chomuinn, agus dha Alex Tearse aig Reefnet, airson an cuid saothrach. Taing cuideachd dha ceudan a ghabh an cothrom a bhith nam pàirt de thachartas a thog drochaidean ùra feadh an t-saoghail a cheadaich dha daoine an cuid Gàidhlig a chleachdadh agus fhoillseachadh. Cothroman a' nochdadh à duilgheadasan!

Tha luach agus beartas a' Chomuinn air a thasgadh nar cànan is dualchas agus nar cuid ballrachd, agus dh'iarrainn taing a thoirt dhuibhse uile airson bhur dìlseachd dhan dualchas sin agus dha obair na buidhne seo. Ged a tha dùbhlain mhòr romhainn fhathast a thaobh Covid 19 tha an suidheachadh a' coimhead nas dòchasaiche toiseach na h-ath-bhliadhna, agus bidh sinn beò an dòchas gun till gnothaichean gu stèidh chothromach. Thuige sin gach deagh dhùrachd dhuibh uile, agus beannachdan na Nollaige is na Bliadhn' Ùire nuair a thig iad!

Ailean Caimbeul
Ceann-suidhe - An Comunn Gàidhealach

Donate to An Comunn Gaidhealach

#cleachdi aigantaigh

AN COMUNN GÀIDHEALACH
ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

A MESSAGE FROM THE PRESIDENT

Anticipation!

Like every other organisation, and individual, An Comunn is approaching the end of what has been a historical and difficult year! Aside from the dark years of two World Wars, this was the first year, since its inception in 1892, in which a National Mod did not take place and Board member colleagues and I were disappointed in postponing the 2020 Mod for a year although that decision was unavoidable. It was not just the loss of the Mod planned for Inverness this year which was of concern to us, but also the potential impact this might have on An Comunn's income and the job security of the organisation's staff. Good news is worth repeating many times, and I have pleasure again in acknowledging the continuing and welcome support of Bord na Gaidhlig and Scottish Government, and our thanks also to Highland Council for its sympathetic appreciation of our difficult position with the Mod. Our thanks also to our principal business sector sponsor, Calmac, for standing by us.

Recognising the disappointment which postponement of the Mod meant for regular attendees and participants a Virtual Royal National Mod was successfully produced and delivered, and my warm thanks and congratulations to James Graham and his An Comunn team, and also to Alex Tearse of Reefnet, for all their work. Thanks also to the hundreds who took the opportunity to participate in an event which developed new bridges across the world which enabled Gaelic users to utilise and promote their language. Opportunities born out of difficulties!

An Comunn's value and wealth is secured by our language and culture and in our membership, and I would wish to thank you all for your faithful support to that culture and to this organisation's activities. Although we still face challenges from Covid 19 the situation looks more encouraging from the beginning of next year and we will live in hope that life will return to a basis of normality. Meantime, my best wishes to you all, and have a happy Christmas and a good New Year when they arrive!

Allan Campbell
President - An Comunn Gaidhealach

Donate to
An Comunn
Gaidhealach

#cleachdi
aigantaigh

ACG A' CUMAIL CLASAICHEAN GÀIDHLIG

Tha An Comunn Gàidhealach gu bhith a' cumail sreath de chlasaichean Gàidhlig anns na mìosan a tha romhainn, do bhuill chòisirean.

Tòisichidh na clasaichean seo a-nochd fhein. Thèid na clasaichean a chumail ann an 5 dìofar ìrean: dà ìre aig ìre umha, dà ìre taobh aig ìre airgid agus ìre òr fhèin agus thèid an lìbhrigeadh le Zoom.

Tha sinn toilichte innse gun do chur faisg air 100 neach a-steach airson nan clasaichean seo agus gu mì-fhortanach tha na clasaichean làn a-nis. Tha sinn an dòchas ge-ta, ma bhios e comasach, gum bidh cothroman eile ann anns a' bhliadhn' ùr.

Cuiribh fios gu **seonag@ancomunn.co.uk** airson tuilleadh fiosrachaidh.

Taing mhòr dhan fheadhainn a tha air clàradh airson na clasaichean. Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dhuibh uile!

ACG HOLDING GAELIC CLASSES

An Comunn Gàidhealach will be holding a block of Gaelic Classes for senior Gaelic choristers, the first of which will take place this evening.

The classes will take place at 5 different levels , Gold, two levels within Silver and two levels within Bronze and will be facilitated using Zoom.

We were delighted to receive almost 100 egistrartions for these classes; however they are all full now. We hope, if resources allow, that we can offer further opportunities in the new year.

For further information please contact **seonag@ancomunn.co.uk**

Thanks to all who will be taking part in the classes, we wish you all well!

Donate to An Comunn Gaidhealach

#cleachdi aigantaigh

TACHARTASAN A'MHÒID FHATHAST RI FHAOTAINN

Tha e duilich a chreidsinn gu bheil còrr air mìos ann bho thàinig am Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne gu crìoch. Dh' ionndrainn sinn a bhith coinneachadh ri chèile ach a dh' aindeoin sin, tha sinn an dòchas gun do chord na tachartas ribh uile.

Cuimhnichibh, leis gu bheil a h-uile càil air-loidhne, 's urrainnear gach tachartas fhaicinn a-rithist!

Mar sin, tadhlaibh air duilleag **Facebook** a' Mhòid no seanal **YouTube** a' Chomunn Ghàidhealaich.

Taing mhòr dhuibh uile airson bh' ur taic.

VIRTUAL MOD EVENTS AVAILABLE ONLINE

It is hard to believe there is over a month since the Virtual Royal National Mod came to an end. We certainly missed meeting together to enjoy the Mod, however we hope you enjoyed this year's event all the same.

Remember, as all the events are online, you can watch them again or catch up on any that you missed at the time!

Just visit the Royal National Mod **Facebook** page or visit the An Comunn Gàidhealach **YouTube** page.

Thank you all once again for your continued support.



Donate to An Comunn Gaidhealach

#cleachdi aigantaigh

ÀIREAMAN A' MHÒID AIR-LOIDHNE

Bha sinn cho toilichte faicinn an àireamh de dhaoine a bha a' coimhead pròg raman a' Mhòid Air-Loidhne agus Iomall a' Mhòid-Air-loidhne thairis air seachdain a' Mhòid.

Chaidh còrr is 30 tachartas a chraoladh air an duilleag Facebook agus air an seanal YouTube againn.

Bha an duilleag Facebook againn gu h-àraidh trang suas gu agus fad seachdain a' Mhòid Air-loidhne. Seo agaibh beagan fiosrachaidh air na h-àireamhan de dhaoine a bha a' coimhead agus a' tadhail air an duilleag agus air tachartasan againn:

VIRTUAL MOD STATISTICS

We were delighted to see the number of people who viewed our programmes during Virtual Mod week.

Over 30 events were held and broadcast via our Facebook page and our YouTube channel.

Our Facebook page especially was our main platform for broadcasting programmes and interacting with 'viewers' throughout the week.

Here are some figures which give an idea of the number of people who watched and interacted with our page throughout Virtual Mod week:

13,024 page views

156.5k minutes of video viewed

Post Engagement (the number of times people engaged with your posts) 65,232

Videos (the number of times your page's videos were played) 125,064

Post Reach (the number of people who saw any of your posts at least once) 110,623

Mòran taing dhuibh uile!

Donate to An Comunn Gaidhealach

#cleachdi aigantaigh

TEACHDAIREACHD BHO ALASDAIR MACILLEBHÀIN

Sin sibh. Tha mi an dòchas gu bheil sibh uile gu math.

'S e àm uamhasach fhèin duilich a tha seo agus Covid-19 fhathast a' toirt buaidh air daoine air feadh an t-saoghail. Tha sinne mar Ghàidheil cleachdte ri bhith a' tighinn còmhla gu cunbhalach, a' cumail chèilidhean de dh'iomadh seòrsa, agus chaidh bacadh a chur oirnn an leithid a dhèanadh am-bliadhna. Aig a' cheart àm, tha sinn beò ann an saoghal anns a bheil teicneòlas agus cothroman air-loidhne a' sìor dhol am meud agus tha mi air leth toilichte gu bheil Gàidheil air feadh an t-saoghail air tachartasan air-loidhne sa Ghàidhlig a chur air dòigh air na mìosan a dh'fhalbh: chan e a-mhàin sin ach saoghal na Gàidhlig adhartachadh le tachartasan ùra lèirsinneach air-loidhne. Tha e air leth cudromach gun dèan sinn seo, gun tog sinn air eisimpleirean à àiteachan eile agus gun lean sinn oirnn a' cur an teicneòlais as ùire gu feum ann a bhith ag àrdachadh an dualchais againn fhèin a tha a cheart cho luachmhor ri dualchas sam bith eile a tha ann.

'S e sin am prìomh amas a th' agamsa air a' bhliadhna eile a tha romham san dreuchd seo agus, gu dearbha, an dèidh sin: an dualchas prìseil againn àrdachadh, gu h-àraid dualchas na sgìreachd agam fhèin, agus cur ri adhartachadh ann an saoghal na Gàidhlig anns gach dòigh as urrainn dhomh. Air a' bhliadhna a tha romham, 's e am prìomh rud anns am bi mi an sàs dà phròiseact air ainmeannan-àite: aonan air ainmeannan-àite Mhuile agus Ulbha agus pròiseact eile air ainmeannan-àite Eilean Idhe. Tha iad seo nam pàirt den dreuchd a tha agam nam Cho-eòlaiche Rannsachaidh làn-ùine aig Oilthigh Ghlaschu an-ceartair: cothrom air leth ùine cheart a chur seachad a' rannsachadh na sgìreachd agam fhèin agus a' feuchainn ri atharrachadh a thoirt air rudan le mo chuid rannsachaidh. O latha gu latha an-ceartair, bidh mi a' tional riochdan de dh'ainmeannan-àite na sgìreachd seo o thùsan sgrìobhte, o chlàran-dùthcha agus o bheul-aithris. Leigidh siud leam an sgrùdadh an uair sin. Tha mi a' cur romham an rannsachadh seo a chur am follais ann an iomadach dòigh a fhreagras air buidhnean eadar-dhealaichte, gu h-àraid taobh a-staigh nan coimhearsnachdan ionadach. Am measg mo chuid amasan, tha mi airson leantail air gealladh a chuir mi ann an òraid chuimhneachaidh Iain MhicLeòid aig toiseach na bliadhna: dualchas ionadach fhigheadh a-steach do chlàran-teagaisg nan sgoiltean ionadach. Tha beairteas cànain agus dualchais sna h-ainmeannan-àite agus an seanchas a tha nan lùib a chumhachdaicheas nan ginealaichean ri teachd.

A thuilleadh air pròiseactan nan ainmeannan-àite, tha mi a' cur romham cumail orm leis a' cheòl agus le pròiseactan eile leithid pròiseactan dràma. Tha mi air leth fortanach gu bheil mi air chothrom fhaighinn bho chionn ghoirid ceòl agus dràma a chur còmhla ann am MAIM: pròiseact tèatair air a bheil mi ag obair còmhla ri Theatre Gu Leòr. Bha sinn air MAIM a chur air àrd-ùrlar ann an Glaschu sa Mhàrt nuair a thàinig an glasadh-sluaigh oirnn. Leis an sin, bha againn ris a' chuairt a bha romhainn a chur dheth. Tha sinn gu mòr an dòchas gum faigh sinn cothrom eile air a' chuairt seo uaireigin ann an 2021 ach tha sinn cuideachd a' lorg dhòighean eile MAIM agus cuspairean MAIM a chur air beulaibh an t-sluaigh, nam measg: leabhar stèidhte air sgrìobhadh MAIM, gu h-àraid an dàimh a tha eadar atharrachadh na gnàth-shìde agus atharrachadh na gnàth-chànain ann am Muile; clàr stèidhte air ceòl MAIM; agus tachartasan eile a dh'fhaodamaid cumail a-muigh ann am Muile fhèin.

A thuilleadh air an sin, tha mi a' dèanamh fiughair ri pròiseactan eile a lìbhrigeadh leis a' Chomunn Ghàidhealach fhèin, leithid bùithtean-obrach air-loidhne air òrain ùr agus ainmeannan-àite. Cumaibh sùil air cuairt-litir, làrach-lìn agus meadhanan sòisealta a' Chomuinn airson an fhiosrachadh as ùire mun sin.

Meas mòr
Alasdair

A MESSAGE FROM ALASDAIR WHYTE

Hello. I hope you're all well.

This is a really difficult time with Covid-19 still affecting people across the world. As Gaels, we're used to coming together regularly, at cèilidhs of all kinds, and the pandemic has obviously stopped us from putting on these events. That said, we live in a time in which technology is constantly progressing and online opportunities increasing and I've been really pleased to see how Gaels across the world have been coming together for online Gaelic-language events over the past few months: not just that but moving things forward in new ways. It's so important that we do this: that we learn from examples elsewhere and that we keep using the latest technology to celebrate and advance our own linguistic and cultural heritage through this difficult time and beyond.

That's my main aim in this role over the coming year and beyond: to celebrate and promote our cultural and linguistic heritage, especially that of my own area here in Mull and Morvern; and to contribute as much as I can to progression. This year, two of the main projects I will be involved in are place-name projects on Mull and Ulva and on Iona respectively. These are part of my role as a full-time Research Fellow at the University of Glasgow: a role that provides me with an amazing opportunity to research in my own area and instigate real change with my research. Day to day, I will be collecting as many forms as I can find of these place-names from textual sources, maps and oral sources and then analysing them within their respective contexts. The important thing will be to present the research in different ways in order to reach as many people as possible, especially people in the area itself. Among my aims is to follow up on a promise I made in my John MacLeod Memorial Lecture at the beginning of the year: to make sure that more local heritage, more Gaelic heritage, is in school curricula. There is a wealth in local place-names and their associated lore that can empower future generations.

As well as these place-name projects, I hope to continue with my music and drama projects. I'm really fortunate in that I have had an opportunity recently to combine the two in MAIM: a theatre project that I'm involved in, with my band WHYTE, in collaboration with Theatre Gu Leòr. We had completed a run of shows in Glasgow in March when the first lockdown came and our tour was postponed. We're hoping to get another chance to complete the tour sometime in 2021 but we're also looking for other ways to present MAIM to audiences: among them, a book based on the writing of MAIM, especially the relationship between climate change and language shift in Mull; an album based on the music of MAIM; and, potentially, other outdoor events in Mull itself, as regulations allow.

As well as these projects, I'm really looking forward to working with An Comunn Gàidhealach on other projects, such as workshops on songwriting in Gaelic and place-names. Keep an eye on An Comunn's newsletter, website and social media channels for news on those.

Meas mòr
Alasdair



TAIGH CÈILIDH A' MHÒID

Thairis air na mìosan a chaidh seachad, thug sinn thugaibh 5 cèilidhean, far an cuala sinn measgachadh de sheinneadairean a bhuannaich Buinn Òir a' Chomuinn, Buinn Òir an t-Seann Nòis agus air a mhìos seo fhèin, chunnaic sinn taghadh de chòisirean Gàidhlig a choisinn duaisean thairis air na bliadhnaichean.

Mur a d' fhuair sibh cothrom na cèilidhean seo fhaicinn aig an àm, no ma tha sibh airson am faicinn a-rithist, tadhlaibh air duilleag **Facebook a' Mhòid** no air an **seanal YouTube** againn.

TAIGH CÈILIDH A' MHÒID

Throughout the Taigh Cèilidh a' Mhòid series we brought you 5 ceilidhs featuring singers who have won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal and the Traditional Gold Medal as well as performances from some of the senior Gaelic choirs over the years.

If you missed the ceilidhs at the time or if you would like to watch them again, just visit the Mod **Facebook page** or our **YouTube channel**.





A' CUIMHNEACHADH IAIN MACAOIDH

''S ann duilich a tha sinn an naidheachd a chluinntinn gun do bhàsaich ar caraid Iain MacAoidh aig 78 bliadhna de dh' aois. B' e Iain fear dhe na seinneadairean Gàidhlig a b' fheàrr agus a b' ainmeile a bh' ann, 's thug e toileachas nach gann do mhòran dhaoine thairis air nam bliadhnichean leis an t-seinn aige.

Choisinn Iain, às an Rubha ann an Leòdhas, Bonn Òir an t-Seann Nòis aig Mòd Nàiseanta Inbhir Nis ann an 1972 agus, beagan as dèidh sin, choisinn e duais an t-Seann Nòis aig Fèis Phan-Cheilteach Chill Àirne ann an Èirinn.

Tha ar co-fhaireachdainn le Dollag agus an teaghlach agus caraidean Iain aig an àm dhuilich a tha seo. Bidh ionndrainn mhòr air Iain anns gach ceàrnaidh.

REMEMBERING IAIN MACKAY

We were saddened to learn of the death of a dear friend yesterday, Iain Mackay, who passed away at the age of 78.

Iain was one of the greatest and most renowned Gaelic singers of all time. He brought great joy to us all over the years with his wonderful singing voice.

Iain, from Point on the Isle of Lewis, won the An Comunn Gàidhealach Traditional Gold Medal at the Royal National Mod in Inverness in 1972. Shortly after that he also won the Traditional Medal at the Pan Celtic Festival in Killarney, Ireland.

Our thoughts are with Iain's wife Dollag and family and friends at this sad time. He will be greatly missed.



A' CUIMHNEACHADH MARY ANN BROWN

Bha sinn duilich an naidheachd a chluinntinn gun do bhàsaich Mary Ann Brown. Bha Mary Ann gu mòr an sàs ann am Mòd Ionadail Sruighlea agus rinn i obair air leth airson na Gàidhlig.

Tha sinn a' cuimhneachadh air teaghlach agus caraidean Mary Ann aig an àm duilich a tha seo.

REMEMBERING MARY ANN BROWN

We were deeply saddened to hear of the passing of Mary Ann Brown. Mary Ann was hugely involved in the Stirling Provincial Mod and worked tirelessly for the Gaelic cause over many years.

We remember Mary Ann's family and friends at this very difficult time.



CÒISIREAN A' SEINN CÒMHLADH AIRSON CÈILIDH NA BLIADHN' ÙIRE

Bidh cùisean gu math eadar-dhealaichte dhuinn uile am bliadhna, thairis air saor-làithean na Nollaig agus na Bliadhn Ùire. Tha sinn cleachdte ri bhith a' faicinn seinneadairean, cluicheadairean, còisirean is eile a' nochdadh air Cèilidh BBC Alba ach cha habh sin a bhith am bliadhna, ann an dòigh àbhaisteach co dhiù. Le teicneòlas agus obair chruthachail bho duine no dhithis, tha e comasach rudeigin car àbhaisteach a thoirt ri chèile ge-ta. Tha Màiri Anna NicUalraig air a bhith trang ag obair air pròiseact air leth le seinneadairean bho air feadh an t-saoghal, gus Còisir Air-loidhne a thoirt thugainn mar phàirt de phrògram Cèilidh na Bliadhn' Ùire le BBC Alba.

Dh' ainmich Màiri Anna am pròiseact seo aig deireadh Mòd na bliadhna seo, aig an àm is àbhaist do na còisirean a bhith a' cruinneachadh còmhla gus am Mòd a thoirt gu crìch. Thug an naidheachd seo mu Chèilidh na Bliadhn' Ure togail do na còisirean air feadh an t-saoghail!

Is e 'Thoir Dhomh Do Làmh' a bhios iad a' seinn air an oidhche. Tha iad uile air a bhith trang ag ullachadh agus a' coinneachadh air-loidhne agus tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr rim faicinn.

Feuch gum bidh sibh a' coimhead Cèilidh Na Bliadhn' Ùire air BBC ALBA!

MASSED CHOIRS PERFORMANCE FOR BBC ALBA NEW YEAR CÈILIDH

It will be a very different Christmas and New Year for us all this year. We are used to watching singers, musicians and choirs as part of the line-up for the usual Hogmanay Ceilidh on BBC ALBA, this year of course will be different, to an extent anyway. Thankfully though, the wonders of technology and the creativity of certain individuals will allow a glimpse of normality for us this year. Mary Ann Kennedy has been working on a fantastic project, bringing together singers from across the world to create a massed choir performance for this year's Hogmanay Ceilidh on BBC ALBA.

Mary Ann announced this exciting project at the closing of this year's Virtual Mod, at a time when choirs would normally gather together to bring the Mod to a close. This lovely announcement gave choristers a much-needed lift at a time when they were missing being with one another so much.

The choir, who will perform 'Thoir Dhomh Do Làmh', have been busy preparing and rehearsing virtually over the past few weeks. We cannot wait to see this wonderful performance.

Be sure to tune in to BBC ALBA's Hogmanay Ceilidh!



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

#cleachdi
aigantaigh

JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.

Donate to An Comunn Gaidhealach

BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:
£15 (inbhich)
£5 (oileanaich)

JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.

Donate to An Comunn Gaidhealach

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach? All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

https://enter.ancomunn.co.uk/

Membership
£15 (adults)
£5 (students)

Caledonian MacBrayne Hebridean & Clyde Ferries
The Scottish Government Riaghaltas na h-Alba
Bòrd na Gàidhlig
The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd
#cleachdi aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire. Abair mìos trang agus tlachdmhor! B' e Seachdain Leabhraichean na h-Alba a bh'ann air 16-21 Samhain; agus bha mise an sàs ann an dà thachartas bàrdachd Gàidhlig (a bharrachd air èisteachd ri sreath thachartasan litreachais eile, a bha gu math tarraingeach!)

Nochd mi air Diluain 16mh Samhain aig 'Còmhraidhean Cruthachail' Oilthigh Ghlaschu, le Alison Lang, Stiùiriche Comhairle nan Leabhraichean sa chathair; chaidh an tachartas seo a' chraoladh beò, le ceistean agus còmhradh ris an luchd-amhairc. Leugh mi dàin agus ghabh mi òran às a' chruinneachadh dàn agus òran ùr agam, 'An Seachdamh Tonn' - a tha a nis aig an fhoillsichear! Mo thaing chridheil do Alison, agus cuideachd do Oilthigh Ghlaschu agus Dr Colin Herd, a tha os cionn an sreath phrògraman seo dhaibhsan. Tha am pròram fhathast ri fhaicinn air làrach-lìn Oilthigh Ghlaschu **an seo**:

Air Dihaoine 20 Samhain, nochd mi aig an tachartas 'Piobrachadh na Ceòlraidh: Togail-Inntinn gus Bàrdachd agus Ceòl Gàidhlig a Sgrìobhadh', fo sgèith Fèis Leabhraichean Uibhist agus Ceòlas Uibhist, ann an co-bhann leis A' Chomunn Ghàidhealach agus Comhairle nan Leabhraichean, agus le taic bho Urras Leabhraichean ha h-Alba. Fhuair mi còmhradh fìor tharraingeach agus farsaing còmhla ri Gillebrìde Mac'Illemhaoil, air bàrdachd Uibhist, agus bha sinn a' leughadh dàn is a' seinn òran a sgrìobh bàird crùinte Uibhistich, agus a sgrìobh an dithis againn fhìn. Mo mhìle taing do Ghillebrìde airson an tachartas seo a chur air dòigh còmhla rium; agus taing mòr do na buidhnean-taic uile.

Rè an tachartais seo, ghabh mi òran ùr 'Tàladh Uibhist - Uist's Call' - coimisean ùr airson Ceòlas Uibhist agus Urras Leabhraichean na h-Alba gus Seachdain Leabhraichean na h-Alba a chomharrachadh. Gheibh sibh an t-òran air an làrach-lìn agam. Tha an dàn - facail an òrain - an cois gu h-ìosal. Gheibh sibh am pròram slàn - agus an t-òran, aig 43 mionaidean! - **an seo**:

Tha an dàrna bliadhna agam an dreuchd Bàrd a' Chomuinn air tòiseachadh, agus tha sinn a' toirt sùil air adhart gus planaichean - sealadach co-dhiù! - a chuir ri chèile airson 2021. Leis an deagh naidheachd gu bheil banachdaidhean èifeachdaich an aghaidh a' Chorònabhìorais air an t-slighe, a thèid a lìbhrigeadh dhan mhòr-shluagh ron earrach 2021, tha cùisean a' coimhead beagan nas dòchasaiche gus 'tilleadh don àbhaisteachd - a' gabhail a-steach, bitheamaid an dòchas, fèisean litreachais agus ciùil!

Seo dhuibh dealbh ùr airson an òràin ùir seo: dol-fodha na grèine Uibhist san Lùnastal.



#cleachdi aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends. It has been a busy month, but a hugely enjoyable one! It was Book Week Scotland on the 16-21 November; and I was involved in two Gaelic events for it (as well as listening to several other very engaging events that formed part of it!)

On Monday 16 November I appeared at Glasgow University's 'Creative Conversations', chaired by Alison Lang, Director of the Gaelic Books Council; the event was streamed live, with questions and conversation with the audience. I read poems and performed a song from my new collection of poems and songs, 'The Seventh Wave' - which is now with my publisher! Sincere thanks to Alison, and to Glasgow University and Dr Colin Herd, who runs this series of programmes for them. You can still see the recording of the event on the University's website, **here**:

On Friday 20 November, I appeared at the event: 'The Urge to Write: Sources of Inspiration for Gaelic Poetry and Music', under the auspices of the Uist Book Festival and Ceòlas Uist, in conjunction with An Comunn Gàidhealach and The Gaelic Books Council, and with support from the Scottish Book Trust. I had a fascinating conversation with Gillebrìde Mac'Illemhaoil about the poetry of Uist, and we read a selection of poems and sang songs written by crowned bards from Uist, and others written by ourselves. A thousand thanks to Gillebrìde for staging this event with me; and huge thanks also to all the sponsoring organisations.

During this event, I performed a new song, 'Tàladh Uibhist - Uist's Call' - a newly commissioned piece for Ceòlas Uist and The Scottish Book Trust, marking Book Week Scotland. You may hear the song on my website. The poem - the song lyrics - are below. You may also see the whole programme - and the song, at 43 minutes in! - **click here**:

The second year of my appointment as Bàrd a' Chomuinn has commenced, and we are looking ahead to make plans - at least provisional ones! - for the year 2021. With the very good news of effective vaccines against Coronavirus on their way and due for widespread immunisation by the Spring, things are looking more encouraging for a 'return to normal' - including, let us certainly hope, literary festivals and musical events!

Here is a new image, to accompany this new song: a Uist sunset in August.



#cleachdi aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Tàladh Uibhist

Chaidh an t-òran seo a choimiseanadh airson Fèis Leabhraichean Uibhist agus Ceòlas Uibhist, gus Seachdain Leabhraichean na h-Alba 2020 a chomharrachadh

Sèist
Osna gaoth an iar a' pìobadh tro na beann,
sileagan uisg' mar phongan-ciùil o theud nan crann,
còisir nan eun a' cèilearadh an t-sallain is ar dàn.
Guth an eilein, cuimhn', anam is fiughair
gairm na talmhainn gar tàladh do dh'Uibhist nam beann:
nàile hù i o, tàladh Uibhist.

1. Mìon-fhlùraichean na machrach, tapaidh 's ioma-dathte;
bad-dhìthean mar thiodhlac do cheann-bliadhn' an earraich,
's le pòg nan dealan-dè bidh cuairt nan ràithean beannaicht'.
Nàile hù i o, tàladh Uibhist.

2. Sròl rosach laigh' na grèine air socair is an dàil
gu ruige sgàil na h-oidhche bho shoillse an là,
a' dathadh sgòthan samhraidh gu leasgach ciùin san adhar.
Nàile hù i o, tàladh Uibhist.
Sèist

3. Fiamh liath-phurpidh air slèibhtean blàth' an t-fhoghair
am fraoch a' ciaraich 's a' sìor-fhàs nas corcair',
mar ghean do ghealla-teothachaidh nan cruachan-mhònach.
Nàile hù i o, tàladh Uibhist.

4. Is cruach-fheòir a' tairgse a bòid oir-bhuidhe àraich
is furtachd do na caoraich bho acras bhuan a' gheamraidh,
gus an teann bliadhn' eile dhuinn le blàthachadh na ràithe.
Nàile hù i o, tàladh Uibhist.
Seist

Cùmaibh slàn agus sàbhailte, a chàirdean.
Beannachdan cridheil. Sandaidh

Gheibh sibh barrachd fios air an làrach-lìn agam.

Uist's Call

Commissioned for the Uist Book Festival and Ceòlas Uist, to mark Book Week Scotland 2020

Refrain
The west wind sighs and pipes through the hills,
the rain plucks bright notes from nature's harp
birds warble their rich chorus - their harmony our song.
The island's voice, memory, spirit and hope,
the call of the land, luring us home to Uist
lullaby lilting, Uist is calling.

1. Tiny brave multi-hued flowers on the machair;
miniature bouquets, little birthday gifts to spring-tide,
blessing the turn of the seasons with the kiss of butterflies.
Lullaby lilting, Uist is calling.

2. The rose satin gown of sunset gently lingers
in languid passage from day's brightness to shady night,
the nuanced tint of summer's clouds slowly, gently shifting.
Lullaby lilting, Uist is calling.
Refrain

3. Slight hints of mauve on the warm autumn hillsides
as the heather turns daily a darker, deeper purple,
a favouring smile on the peat-stacks' promised warmth.
Lullaby lilting, Uist is calling.

4. And haystacks offer their golden-yellow pledge of nurture,
deliverance for the sheep from the long hunger of winter,
until a new year approaches, with a milder turn of season.
Lullaby lilting, Uist is calling.
Refrain

Keep safe and well, friends. Warm good wishes as ever. Sandy

There's more information on my website:
https://sandynicdhomhnailljones.com/

#cleachdi aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN
SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Ma tha sibh airson an tachartas sònraichte seo fhaicinn a-rithist, bruthaibh air a' cheangal gu h-ìosal.

To catch up on this fantastic event again, click on the link below.

'Piobrachadh na Ceòlraidh:
Togail-Inntinn gus Bàrdachd agus Ceòl Gàidhlig a Sgrìobhadh': tachartas le Gillebrìde MacMillan agus Sandaidh NicDhòmhnaill Jones
***
'The Urge to Write:
Sources of Inspiration for Gaelic Poetry and Music' with Gillebrìde MacMillan and Sandaidh NicDhòmhnaill Jones.

View the event here.



BÒRD NA GÀIDHLIG

Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh: 02 Dùbhlachd 2020

Online, Wednesday 02/12/2020 from 09.30

09.30 - 12.00 - Closed Session
13.00 - 14.20 - Streaming live **here**
14.35 - 16.00 - Streaming live **here**

The agenda and full board papers can be found **here.**

Bòrd na Gàidhlig

COLMCILLE 1500

Jannoo ard-eailley jeh eiraght Cholum Killey
Celebrating the legacy of Columba

Colmcille 1500123A' tòiseachadh san Dùbhlachd 2020, bidh tachartasan cuimhneachaidh fad bliadhna ann a' comharrachadh breith 1500 bliadhna air ais de naomh Colmcille no Columba san t-6mh linn. Tha an naomh agus a dhìleab bheairteach air cumadh a thoirt air cànan, cultar agus eachdraidh na h-Èireann, na h-Alba agus ceann a tuath Shasainn. Tha an dìleab fhathast a' dol thairis air crìochan agus a' brosnachadh co-obrachadh, gu sònraichte ann an traidiseanan Gàidhlig na h-Alba, na h-Èireann agus Eilean Mhanainn.

Is e 7 Dùbhlachd an co-latha-breith traidiseanta aig Colmcille agus mairidh an comharrachadh fad-bhliadhna eadar 7 Dùbhlachd 2020 agus 7 Dùbhlachd 2021. Tha sinn an dòchas gun lean na càirdeasan agus na com-pàirteachasan a chaidh a chruthachadh thar na bliadhna orra a' fàs mar dheagh dhìleab den chomharrachadh a tha seo.

Bruthaibh **an seo** airson tuilleadh fiosrachadh.

Starting in December 2020, there will be a year-long commemoration marking the birth 1500 years ago of the 6th-century saint Colmcille or Columba. The saint and his rich legacy have shaped the language, culture and history of Ireland, Scotland and the north of England. The legacy continues to transcend borders and to inspire cooperation, not least in the Gaelic traditions of Scotland, Ireland and the Isle of Man.

The 7th of December is the traditional birthday of Colmcille and the year-long celebrations will last from the 7th December 2020 to the 7th December 2021. The friendships and partnerships developed over the year will, hopefully, continue to grow as a positive legacy of this celebration.

Please click **here** for further information.

Foras na Gaeilge

Bòrd na Gàidhlig

Tha am buidheann 'Leisure and Culture Dundee' air a bhith a' ruith cèilidhean Gàidhlig aig àm lòin airson faisg air trì bliadhna, le taic bho sgeama Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF).

Tha na cèilidhean a' toirt cothrom do dhaoine san sgìre pàirt a ghabhail ann an cultar is ealain na Gàidhlig tro cheòl. Tha iad air a dhol bho neart gu neart on a thòisich iad ann an 2017 le còrr is 250 dhaoine a' frithealadh na sia cèilidhean mu dheireadh.

Tha na cuirmean a-nis nam pàirt chudromach de mhìosachan ciùil Dhùn Dè, a' cur fàilte air luchd-ciùil is seinneadairean bho air feadh Alba agus a' cumail taic ri buidhnean ionadail leithid Còisir Ghàidhlig Dhùn Dè agus Seinneadairean Dhùn Dè. Am measg nan luchd-ciùil is seinneadairean a th' air a bhith an sàs, tha Catherine Tinney, Mary McInroy, Norrie "Tago" MacIver agus Ainsley Hamill.

Bidh BnG a' ruith diofar sgeamaichean maoineachaidh aig diofar amannan tron bhliadhna, ach ma tha moladh agad airson pròiseact aig àm sam bith nuair nach eil iad fosgailte, cuir fios thugainn.

Leisure and Culture Dundee have been running the Dundee Gaelic Lunchtime Concerts for almost three years with support from the Gaelic Language Act Implementation Fund (GLAIF).


The concerts provide an opportunity for people in the area to participate in Gaelic art and culture through music. They have recently finished their third season of concerts which have gone from strength to strength since the first season in 2017 with over 250 people attending the last six concerts.

The concerts become an important part of Dundee's music calendar, welcoming musicians and singers from across Scotland and supporting local groups such as the Dundee Gaelic Choir and Seinneadairean Dhùn Dè. Musicians and singers involved include Catherine Tinney, Mary McInroy, Norrie MacIver and Ainsley Hamill.

BnG run funding schemes at different times through the year, however if you have a proposal for a project at any time during the year, please get in touch.



THE TRAD MUSIC LOCKDOWN BOOK




Tha sinn toilichte leabhar còcaireachd ùr a thoirt thugaibh, 'The Trad Music Lockdown Cookbook'. Le reasabaidhean bho feadhainn de na ainmean is ainmeile ann an saoghal ceòl traidiseanta!

'S e bliadhna gu math duilich a tha air a bhith ann dha saoghal ceòl traidiseanta agus tha sinn air leth taingeil do gach neach a thug taic dhuinn leis an leabhar seo.

Tha an leabhar còcaireachd a' cosg £10 agus tha an t-àirgead gu lèir a' dol gu Urras Cuimhneachaidh Eilidh NicLeòid.

https://www.eilidhstrust.org.uk/

Cuiribh fios thugainn an seo ma tha sibh airson leth-bhreac a cheannach.



We are delighted to announce The Trad Music Lockdown Cookbook. Some of the biggest names in Scottish Traditional music have submitted their favourite lockdown recipes, which we have collated in this cookbook.

It's been an incredibly challenging year for trad music, and we are so grateful to everyone who submitted a recipe, it's hugely appreciated.

The trad music lockdown cookbook costs just £10 with all proceeds going to the Eilidh Macleod Memorial Trust.

https://www.eilidhstrust.org.uk/

Drop us a message **here** to get your copy.



CÒISIR GHÀIDHLIG AN EILEIN MHUILICH

ISLE OF MULL GAELIC CHOIR

43rd ANNUAL GENERAL MEETING

will be held at 7.00pm

on Thursday 10th December 2020

on 'Zoom'

Anyone wishing to attend the meeting with a view to becoming a member of the Choir should register by e-mailing

mgoremci@gmx.com

to receive joining details

Comann nam Pàrant

Ma tha sibh airson beagan Gàidhlig a thoirt dhan dachaidh agaibh, nach toir sibh sùil air na goireasan seo bho Comunn nam Pàrant

If you are looking to introduce some #Gaelic in the home - have a look at these resources from Comunn nam Pàrant.



www.parant.org.uk

COMUNN NA GÀIDHLIG

Tadhlaibh air duilleag Facebook Chomunn na Gàidhlig ma tha sibh a' lorg rudeigin airson cur seachad an tìde!

Tha measgachadh de rudan aca, bho farpaisean-ceist, bèicearachd, ealain agus tòrr rudan spòrsail eile!










#cleachdi aigantaigh

If you are looking for some activities and pass times, visit the Comunn na Gàidhlig Facebook page where you'll get lots of ideas of things to do!

They have a range of activities such as baking ideas, quizzes, art activities and lots more!

https://www.facebook.com/comunnnagaidhlig





CnaG

BLAS festival

Ged is ann air-loidhne a bhios i am-bliadhna, le co-obrachadh eadar Fèisean nan Gàidheal agus Comhairle na Gàidhealtachd agus taic bho measgachadh de bhuidhnean eile, bidh Blas a' toirt thugaibh ceòl, òrain, cànan is cultar nan Gàidheal thairis air 11 làithean.

Tha pròg ram farsaing de chonsartan, cèilidhean, bùithtean-obrach, òraidean is eile mar phàirt den fhèis agus bidh fàilte bhlàth oirbh!

Feuch gun toir sibh sùil orra, mur an d' fhuair sibh cothrom mu thràth.

A partnership between Fèisean nan Gàidheal and The Highland Council, with support from several other bodies, this year the Blas festival will take place online.

Over 11 days we will deliver a fantastic programme of concerts, cèilidhs, workshops, lectures and more celebrating the music, songs, language and culture of the Highlands.

Be sure to tune in to watch, if you have not done so already!

https://www.facebook.com/blasfestival



SABHAL MOR OSTAIG




Seo agaibh cuid de sgioba Comann nan Oileanach 2020/21! Tha iad air a bhith trang a' cumail conaltradh eadar oileanaich is luchd-obrach an t-Sabhail agus a' cur air dòigh tachartasan tarraingeach ann an dòigh sàbhailte!

https://bit.ly/ComannNanOileanach

It is as important as ever that our student community feels connected, despite social distancing. Our new Students' Association committee have been busy organising online and on-campus events all while adhering to Covid guidelines, and play an important role in ensuring communication between students and staff.

https://bit.ly/SMOStudentsAssociation



100 DÀN AS FHEÀRR LEINN

Cruinneachadh de 100 dàn agus òran Gàidhlig de dh'iomadh seòrsa agus o iomadh linn – nam measg bàrdachd gaoil agus laoidhean, òrain mara agus òrain cogaidh, tàlaidhean agus marbhrainn. Air an taghadh le Pàdraig MacAoidh agus Jo NicDhòmhnaill, le molaidhean an t-sluaigh, tha an cruinneachadh seo a' toirt blasad de shàr-bheartas litreachas na Gàidhlig.

100 FAVOURITE GAELIC POEMS

A collection of 100 favourite Gaelic poems and songs – love poems and hymns, sea ditties and war poems, lullabies and elegies – many translated into English for the first time. Selected by Peter Mackay and Jo MacDonald, and including public nominations, these poems give a multi-layered taste of the full richness of Gaelic literature from the Middle Ages to the present day.

Gheibhear air an leabhar sgoinneil seo a cheannachd an seo:

https://gaelicbooks.org/index.php?route=product/product&path=59_87&product_id=1719&fbclid=IwAR1eSZE6nq_AtPAZGMHbSLjcth15KO83uzBthlOEkgj_uZ73Om_-Os4gats

#cleachdi aigantaigh

AN GILLE, AM FAMH, AN SIONNACH 'S AN T-EACH RI FHAIGHINN ANNS A' GHÀIDHLIG.

Tha an leabhar An Gille, am Famh, an Sionnach 's an t-Each a-nis ri fhaighinn anns a' Ghàidhlig. Chaidh an leabhar eadar-theangachadh le Johan Nic a' Ghobhainn, à Barbhas, Eilean Leòdhais.

'S e leabhar eireachdail a th' ann mu dheidhinn coibhneas agus neart aig amannan doirbh. Choisinn an tionndadh Beurla cliù mòr nuair a thàinig e a-mach an-uiridh. Chaidh milleanan de leth-bhreacan a reic air feadh an t-saoghail ann an 33 diofar chànain. Chaidh an leabhar fhoillseachadh le Luath Press.

THE BOY, THE MOLE, THE FOX AND THE HORSE AVAILABLE IN GAELIC

The Boy, The Mole, The Fox and The Horse has been translated and published in Gaelic. The book has been translated by Johan Smith, a native Gaelic speaker from Barvas, Isle of Lewis.


Gentle life lessons are woven through the book for both children and adults, championing kindness, friendship and love through gorgeous illustrations and provides an oasis of hope in uncertain times.

The Gaelic version of this wonderful book was published by Luath Press.

To order your copy, please visit:

https://gaelicbooks.org/index.php?route=product/product&path=59_87&product_id=1719&fbclid=IwAR1eSZE6nq_AtPAZGMHbSLjcth15KO83uzBthlOEkgj_uZ73Om_-Os4gats






#cleachdi aigantaigh

ACAIR

Halò a chàirdean. Ma tha sibh airson leabhar a cheannach airson àm na Nollaig, mholadh sinn òrdachadh cho luath 's a 's urrain dhuibh air sgàth (gu h-àraidh do dhaoine thall-thairis). Faic gu h-ìosal airson na leabhraichean as ùra agus tha 3 airson 2 air leabhraichean chloinne.

.Just a quick reminder that if you wanted to buy books for Christmas, we recommend ordering soon because of usual expected Christmas delays (especially customers overseas). See below for links to the newest books and we have 3 for 2 on children's books. Thanks to everyone for your support



Nach toir sibh sùil air na leabhraichean-èisteachd aig Acair?
Tha a' chuid mhòr an-asgaidh!
https://bit.ly/32JDr7a

#cleachdi aigantaigh

Why not have a look at Acair's audiobook selection?
Most of them are free:
https://bit.ly/32JDr7a

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig
Goireasan Gàidhlig dhuinn uile 's sinn ri
Ionnsachadh dachaigh
www.gaelic.education



Faclair na Sgoile

https://play.google.com/store/apps/details?id=uk.co.storlann.faclair&hl=en_GB&gl=US&fbclid=IwAR2djZF16VJFXE1D0Yrf1nwaoKED0oBD-c0WcRjScPBc7b72ey8KVb80sEU

https://apps.apple.com/gb/app/faclair-na-sgoile/id908644465?fbclid=IwAR1kYiEgWlweL98q81l_fCOw7Ohe5GM7n1o-5uKH2SlF_KGW5fG5sUNdLZY



https://www.gaidhlig-nan-og.scot

Tha Gàidhlig nan Òg a' toirt pailteas ghoireasan air diofar chuspairean do phàrantan/luchd-cùraim agus luchd-obrach sna tràth-bhliadhnachan.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu na goireasan a tha ri fhaighinn air duilleag Facebook Stòrlann:

https://www.facebook.com/storlann/



An còrdadh e ribh dùrachd co-là-breith fhaighinn air CBeebies ALBA?

Tha sinn a' coimhead airson dùrachdan co-là-breith don fheadhainn bheaga agaibh a tha eadar 1 agus 7 bliadhna a dh'aois.

Nan còrdadh e ribh dùrachd a chur thuca, bhiodh e sgoinneil cluinntinn bhuaibh! Cuiribh post-d gu clann@bbc.co.uk leis an fhiosrachadh a leanas: ainm agus co-là-breith.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri cluinntinn bhuaibh!



Would you like to give your child a birthday shout-out on CBeebies ALBA?

We're looking for birthday shout-outs for children between the ages of 1 and 7 years old.

If you would like your child's birthday mentioned, please send an email to clann@bbc.co.uk with the following information: your child's name and their date of birth.

We look forward to hearing from you!

#cleachdi aigantaigh

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: *Seumas Greumach*

Oifigear a' Mhòid: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: *Peigi NicIllinnein*

Oifigear a' Mhòid: *Marina NicAoidh* (pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Bòrd na Gàidhlig

Caledonian MacBrayne
Hebridean & Clyde Ferries

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

The Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

#cleachdi aigantaigh

Donate to An Comunn Gaidhealach